

Gàidhlig mar eòlas tar-curraicealaim: targaidean cànan ann an ionnsachadh agus teagasg eile

Amasan

- Toirt sùil air mar a ghabhas togail-cànain a cheangal ri ionnsachadh agus teagasg aig a h-uile ìre ann an clasaichean Gàidhlig
- Cur an cèill feallsanachd agus dòigh-obrach a' phrògram-cànain ùir aig Stòrlann
- Sealltainn agus mineachadh diofar eileamaidean a' phrògram
- Cothrom do luchd-teagaisg cuid de na stuthan fheuchainn dhaibh fhèin ann am buidhnean beaga
- Cothrom do luchd-teagaisg am beachdan a thoirt seachad

Luchd-libhrigidh:

Dòmhnall Iain MacLeòid, Angela Cheanadach, Sarah NicEachainn

Geàrr-chunntas:

Anns a' chiad phàirt den t-seisean, mhìnich Dòmhnall Iain MacLeòid na prionnsapail air chùl a' phrògram cànain ùir bho Stòrlann, 'Mirean'. Chaidh an CD-ROM a shealltainn do luchd compàirt le Sarah NicEachainn bho sgioba leasachaidh Stòrlann, agus chaidh cuid de na dòighean-teagaisg cànain a mhìneachadh le Angela Cheanadach.

Anns an dàrna pàirt bha cothrom aig luchd compàirt sùil na bu mhionaidiche a thoirt air na stuthan agus am beachdan fhèin a thoirt seachad. Bha iad sin mar a leanas:

1. Dòighean-obrach san fharsaingeachd:

- Bu chòir obair cànain a bhith an luib obair eile na sgoile (CfE) an àite dìreach leis fhèin. Mar sin, tha feum air obair tar-curraicealaim airson co-theacsa a thoirt do thidsearan/luchd-ionnsachaidh AGUS air leasain cànain (a dh'fhaodadh ceangal ri cuspair cuideachd).
- Tha e cudromach cànain a dhaighneachadh gu tric agus gu goirid.
- Bidh feadhainn de sgoiltean a' cleachdadh 'Ceist na seachdain' (me 'An e?') no 'Structar na seachdain' agus 's e dòigh mhath a tha seo air coimhead air cànan gu cunbhalach, an lùib labhairt, leughadh, sgrìobhadh agus èisteachd.
- Bidh feadhainn de sgoiltean a' deanamh 'madainn cànain' (no matamataig).
- Tha measgachadh dhòighean nas fheàrr na aona dòigh.

2. Geamannan msaa a dh'fhaodar a chleachdadh le diofar structaran cànain:

- Tilgeil ball gu chèile ann an cearcall – me, neach a gheibh e a' crìochnachadh seantans
- Geama Paul Jones, far a bheil dà chearcall am broinn a chèile agus nuair a stadas ceòl, stadaidh na cearcallan agus cuirear ceistean no eile
- Bogsa le stuth, oisean dachaigh, bogsa aodaich airson còmhradh a bhrosnachadh timcheall air structaran
- Cairtean/dealbhan airson sequencing - a' dèanamh seantansan agus gan sgrìobhadh
- Word tennis
- Flashcards le faclan – cuid de abairtean ceàrr, sgoilear mar tidsear gan cur ceart
- Maidseadh dealbhan agus seantanasan – e.g. 'Tha mi air dealbh a dhèanamh' + dealbh de sin.

Bha deasbaid inntinneach mu chuid dhe na dòighean-obrach gu h-àrd, me maidseadh. A bheil a' chlànn a' taghadh na seantans airson gun cuala iad (me) 'dealbh' (gun tuigsinn a' chorr)? Chaidh moladh gum bithear mothachail dha seo agus cum bi daonnan còrr is aon seantans ann a tha coltach ri chèile, meFreagairt: Cuir dà seantans ann a tha coltach ri chèile – e.g. Tha mi air dealbh a dhèanamh AGUS Tha mi dol a dhèanamh dealbh.

Tha còir cothrom a thoirt don chloinn geamaichean a thaghadh no a dhealbhadh, mar a tha cuid de sgoiltean a' dèanamh a thaobh obair air litreachadh.



3. Dràma is rannan:

- Chuireadh tidsearan fàilte orra seo. Dh'fheumadh stuthan do cheann shuas na sgoile a bhith nas ealanta.

4. Sgrìobhadh/leughadh msaa:

- Bu chòir barrachd feum a dhèanamh de sgrìobhadh/leughadh le clann nas sine. Gabhaidh cothroman sgrìobhadh a chruthachadh a' cleachdadh na cànan iomchaidh.
- Bu choir leabhraichean/sgeulachdan fhaighinn air an sgrìobhadh a tha làn eisimpleirean den chànan a tha ga teagasg. Obair sgrìobhaidh dhen aon seorsa.
- Tha àite ann airson duilleagan-obrach, gu h-àraidh airson sgoilearan nas sine, ach bu chòir dhaibh a bhith toirt orra smaoinichadh, i.e. gun a bhith dìreach 'mechanical'.
- Bheil àite ann airson eadar-theangachadh Beurla gu Gàidhlig an-dràsta is a-rithist?
- Ghabhadh cuid de na grids (a' sealltainn eisimpleirean) mar sentence-makers – tha iad a' dèanamh seo mu thràth.

5. Teicneòlas:

- Ceanglaichean air GLOW air leth freagarrach
- Cleachdadh Kartouche airson dèanamh seantansan – no Clicker. Bòrd geal.
- Bhiodh e math nam b' urrainn geamannan coimpiutair a bhith ann (mar a tha airson phonics).
- Sharing box air a' choimpiutair airson gun cuir tidsearan a-steach obair a rinn iad san sgoil aca fhèin. Cuideachd, ceangail post-d ri luchd-sgrìobhaidh.

6. Fèin-measadh agus measadh co-aoise

- MP3 – podcasts – clann gan clàradh fhein agus cuid eile toirt beachd/ ceartachadh
- Ceartachadh sgrìobhadh a chèile.

Bha cothrom aig luchd compàirt copaidhean den CD a thoirt leotha agus chaidh mìneachadh gun tigeadh copaidh eile gu sgoiltean airson bheachdan nuair a bhiodh na stuthan aig ìre na b' àirde.

